

Teic-fios An Giblean 2006

Cùnnas

'S e sianar luchd-ciùil agus aon innleadair a th' annainn. Bheir sinn leinn na maicreafònaichean againn fhìn ach thèid againn air an fheadhainn agaibhse a chleachdadh ma tha sin nas freagarraiche airson gluasad gu luath bho chòmhlán gu còmhlán aig fèisean is m.s.a.a. Cha bhi feum againn ach air na casan airson nam maicreafònaichean agus na bocsaichean DI a th' air an clàradh gu h-ìosal.

Tha sinn glè mhath air a bhith ag obair a rèir iomadh suidheachadh, agus tha e cudromach gun tèid innse dhuinn mu atharrachaidhean sam bith anns an t-suidheachadh a dh'fhaodadh tachairt agus an tèid againn air an fhuasgladh as fheàrr fhaighinn dhuibh. Cuiribh fios gu Gavin Ramsay (innleadair fuaim) air +44 (0)7803 617932 no ciar@herringbone.org ma tha dad dhen fhiosrachadh seo nach eil buileach follaiseach, no ma tha sibh ag iarraidh beachdachadh air atharrachadh sam bith a dhèanamh.

Mar as trice, bidh an deasachadh-fuaim againn a' toirt uair an uaireadair ma tha a h-uile rud gu h-ìosal air a chur air dòigh ro làimh.

Feumalachdan PA

Tha ionnsramaidean acustach agus piàna aig a' chòmhlán, a gheibh togail bho shiostam àrdachadh fuaim aig a bheil fuaim nàdarra. Chan e buileach rock n roll a th' ann, ach bidh fuaim gu leòr ann agus bu chòir dhan t-siostam a bhith comasach air 110 dB(A) air a char as àirde a thoirt dhan luchd-èisteachd tron talla gu lèir. Bu chòir dhan t-siostam a bhith air a stèidheachadh ron deasachadh-fuaim. Ma tha sibh a' dol a bhith a' gabhail PA air màl air ar son, feuch gun cuir sibh fios thugainn tron t-seòladh post-dealain a tha gu h-àrd le fios mun chompanaidh a tha ga thoirt dhuibh air màl.

Faireadairean & Àrd-ùrlar

7 deagh gheinnean air 7 ceangail agus làraich-taobh stereo air àrd-ùrlair anns a bheil nas motha na 10m (30') de leud a' dol tro ionnannan grafaiceach le 31 bann (stèidhichte aig an deasc-miosagachaigh anns an talla mura bheil deasg-faireadair air leth ann). Bu chòir dha na geinnean a bhith air an cur air dòigh agus a bhith cinnteach nach eil sgiamhail-fuaim ri chluinntinn.

Tha e comasachadh dhuinn, ach bheir e nas fhaide, obair le àireamh nas lugha de mheasgachaidhean. Bu chòir dhan na geinnean a bhith air an àireamhachadh bhon phlàna àrd-ùrlair mar a th' air a shealltainn gu h-ìosal:

Còig measgachaidhean: ceangail faireadair aon, dhà agus trì (faodaidh iad seo a bhith nam paidhir nam biodh feum air)

1 x bun-dealain 13A 240V (Rioghachd Aonaichte) airson meur-chlàir aig cùl taobh chli an àrd-ùrlair, agus airson 1 ghiotàr aig an aghaidh air an taobh dheas dhen àrd-ùrlar.

Tha feum air seachd cathraichean air nach eil gàirdeanan.

Deasg & FOH (Talla) – DEASG DIGITEACH ACH LE AONTA RO LÀIMH


Bu chòir do shìoltachan slighe-àrd agus 4 bann EQ le 'swept mids' (no nas fheàrr) a bhith ann an loidhneachan-innleachd na deasg. Bidh feum againn air suas ri 8 peinnteach (4 air a' char as lugha) agus dà 'reverb' (faodaidh iad-san a bhi ann am mono). 'S dòcha gun toir sinn leinn barrachd pheinnteach ma bhios feum orra. Bu chòir dhan phrìomh fhuaim a dhol tro stereo

parametric no grafaic EQ le 31-bann a bhios an innleadair comasach air faighinn thuige fad an t-siubhail. Tha feum air cluicheadair CD aig an deasg-miosgachaidh anns an talla. Ma tha sibh ag iarraidh deasg digiteach a thoirt dhuinn, bidh feum againn air ionnanan grafaiceach air leth airson nam faireadairean ma tha iad air an obrachadh bhon deag-miosgachaidh anns an talla.

Bidh sinn a' toirt leinn faidhle Studio Manager v2 airson Yamaha PM5D, DM2000, DM1000 – innsibh dhuinn ma tha gin dhe na deasgaichean sin rim faighinn.

Liosta loidhneachan-innleachd:

Àir	Ainm		Casan Meic	Notaichean
1	Giotàr	XLR no DI		Comp, +48V
2	Feadan	AKG C414	Boom Goirid	+48V
3	Dosan	AKG SE391	Boom Goirid	+48V
4	Clàrsach	AKG C414	Boom Goirid	+48V
5	Meur-chlàir L	DI		+48V
6	Meur-chlàir R	DI		+48V
7	Guth Art	Neumann KMS-105	Boom Àrd	Comp, +48V
8	Guth Magaìdh	Sennheiser e935	Boom Àrd	Comp
9	Guth Màiri Anna (1)	Beyer M88	Boom Àrd	Comp
10	Guth Ros	Sennheiser e935	Boom Àrd	
11	Guth/fideagan Eachann	Sennheiser e935	Boom Àrd	
12	Guth Màiri Anna (2)	Beyer M88	Boom Àrd	Comp
13	Guth Ingrid	Sennheiser e935	Boom Àrd	Comp



Ros = Ross

1. Giotàr = 1. Guitar

10. Guth = 10. Vox

Cathair = Chair

Eachann – Hector

2. Feadan – 2. Chanter
3. Dosan – 3. Drones
11. Fìdeagan – 11. Whistles
Cathair – Chair

Màiri Anna – Mary Ann
4. Clàrsach – 4. Harp
12. Guth – 12. Vox
Cathair – Chair

Cathraichean a bharrachd ×3 – Additional chair × 3

Piàna – Piano
5 & 6 Meur – 5 & 6 Keys
13. Guth – 13. Voxs
Cathair = Chair

Art – Arthur
7. Guth – 7. Vox

Magaidh – Maggie
8. Guth – 8. Vox

Màiri Anna – Mary Ann
9. Guth – 9. Vox

Audience – Luchd-èisteachd